

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Màiri NicEalair (4)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,396. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,092 corresponds to Litir 1,396. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Anns a' chunntas-sluaigh nàiseanta ann an ochd ceud deug, ochdad 's a h-aon (1881), chaidh dreuchd Màiri NicEalair a chlàradh mar 'Poetess and Litterateur'.

Ged a bha i a' fàs ainmeil, agus i air leabhar aig a' Bhanrigh eadar-theangachadh gu Gàidhlig, bha aice ri bith-beò a dhèanamh. Mar sin, sgrìobh i alt Gàidhlig, a' brosnachadh dhaoine gus àrachas-beatha a thoirt a-mach. Sgrìobh i leabhar-iùil Beurla: 'Guide to Fort William and Lochaber'. Agus chuir i ri chèile an leabhran: 'A Tourist's Hand-book of Gaelic and English Phrases'. Chaidh leabhar aice – *Poems and Songs, Gaelic and English* – fhoillseachadh ann an ochd ceud deug is ochdad (1880)

Sgrìobh i ficsean a nochd ann am pàipearan-naidheachd, agus sgrìobh i altan mu na Camshronaich ann an Tìm an Òbain. Chruinnich i beul-aithris, ach tha amharas ann gun deach gu leòr dheth sin a chall an dèidh a bàis. Chaochail i as t-Sultain ochd ceud deug is naochad (1890). Chaidh a tiodhlacadh ann an Cladh Chill Mhàilidh ann an Loch Abar, am measg nan daoine aice fhèin – na Camshronaich.

Bha a' bhana-bhàrd Sgitheanach, Màiri Mhòr nan Òran, gu math measail air Màiri NicEalair. Ach chan eil a' Mhàiri Abrach cho ainmeil an-diugh ris a' Mhàiri Sgitheanach. Ge-tà, dh'fhàg i tòrr stuth sgrìobhte againn mar dhìleab.

Bu mhath leam innse dhuibh mu phàipear a sgrìobh i do Chomunn Gàidhlig Inbhir Nis. 'S e an t-ainm a th' air 'The Sheiling: Its Traditions and Milking Songs'.

Chuala mi gun robh na seann daoine a' creidsinn gur e deagh-mhanadh a bh' ann nam biodh gobhar-adhair – no naosg – ag èirigh ron chrodh nuair a bha iad air an rathad don àirigh. Tha Màiri a' mìneachadh mar seo e: 'b' e an naosg an t-eun a bu bheannaichte ris an tachradh iad oir bhathar a' creidsinn gun do thachair e ri Moire nuair a bha i air an rathad gu uaigh Ìosa air a' mhadainn a dh'èirich E gu Nèamh.'

Anns a' phàipear, tha Màiri a' mìneachadh mar a bha na boireannaich a' dèanamh ìm agus càise **air an àirigh**. Agus tha i ag innse sgeul mu stòl-bleoghainn a bha co-cheangailte ris a' Phrionnsa Òg, Teàrlach Eideard Stiùbhart.

Chunnaic Màiri an stòl ann an taigh a caraid, Alasdair MacIlleMhìcheil, ann an Dùn Èideann. Bha e uaireigin ann am bothan-àirigh – saoilidh mi ann an Uibhist. An dèidh Blàr Chùil Lodair, thàinig coigreach a-steach don bhothan far an robh

triùir chloinn-nighean. Shuidh e sìos air an stòl agus ghabh e deoch bainne. Cha robh fios aig a’ chloinn-nighean cò bh’ ann gu an dèidh làimhe.

Nuair a fhuair iad a-mach gur e am Prionnsa a bh’ ann, bha na nigheanan a’ sabaid mu cò ghleidheadh an ‘rìgh-chathair’, mar a thuirt iad fhèin. Bha còmhstri ann agus chaill tè de na nigheanan fiacail. Leig an dithis eile leis an nighinn sin an stòl a chumail. Chaidh a ghleidheadh anns an teaghlach aice. Thug cuideigin ann an sliochd na h-ìghne gu Alasdair MacIlleMhìcheil e. Tha an stòl an-diugh ann an Taigh-tasgaidh Taobh an Iar na Gàidhealtachd anns a’ Ghearasdan. Saoilidh mi gum biodh Màiri NicEalair gu math toilichte gu bheil e a-nise anns a’ bhaile anns an do rugadh i.

* * * * *

Faclan na Litreach: Màiri NicEalair: *Mary MacKellar*; ficsean: *fiction*; Camshronaich: *Camerons*; Alasdair MacIlleMhìcheil: *Alexander Carmichael*; Blàr Chùil Lodair: *The Battle of Culloden*; Taigh-tasgaidh Taobh an Iar na Gàidhealtachd: *The West Highland Museum*.

Abairtean na Litreach: an cunntas-sluaigh nàiseanta: *the national census*; a’ fàs ainmeil, agus i air leabhar aig a’ Bhanrigh eadar-theangachadh: *becoming well-known, having translated a book by the Queen*; bha aice ri bith-beò a dhèanamh: *she had to make a living*; a’ brosnachadh dhaoine gus àrachas-beatha a thoirt a-mach: *encouraging people to take out life insurance*; gun deach gu leòr dheth sin a chall an dèidh a bàis: *that much of that was lost after her death*; chaidh a tiodhlacadh ann an Cladh Chill Mhàilidh: *she was buried in Kilmallie Cemetery*; chan eil a’ Mhàiri Abrach cho ainmeil ris a’ Mhàiri Sgitheanach: *the Lochaber Mary is not as famous as the Skye Mary*; saoilidh mi gun toir acadamaigich sùil às ùr air a cuid sgrìobhaidh: *I reckon academics will re-examine her writing*; gur e deagh-mhanadh a bh’ ann nam biodh naosg ag èirigh ron chrodh: *that it was a good omen if a snipe arose in front of the cattle*; an t-eun a bu bheannaichte ris an tachradh iad: *the most blessed bird they would meet*; gun do thachair e ri Moire nuair a bha i air an rathad gu uaigh Ìosa: *that it met with [the Virgin] Mary on her way to Jesus’s grave*; a’ mhadainn a dh’èirich E gu Nèamh: *the morning He rose to Heaven*; tha òrain aice a bhite a’ seinn ann: *she has songs that would be sung there*; stòl-bleoghainn a bha co-cheangailte ris a’ Phrionnsa Òg: *a milking stool that was connected to Bonnie Prince Charlie*; cò bh’ ann gu an dèidh làimhe: *who it was until afterwards*; bha na nigheanan a’ sabaid mu cò ghleidheadh an ‘rìgh-chathair’: *the girls were fighting about who would keep the ‘throne’*; cuideigin ann an sliochd na h-ìghne: *somebody among the girl’s descendants*.

Puing-chànain na Litreach: far an robh **triùir chloinn-nighean**: *where there were three girls*. The numerical nouns (dithis, triùir, ceathrar etc.) command a noun in the indefinite genitive plural case (e.g. dithis mhac). With the noun *clann*, which cannot be pluralised (as it has a plural meaning), we say *triùir chloinne* – with *clann* in its lenited genitive (singular) form. However, when *clann* is part of a compound noun as in *clann-nighean* ‘girls’, we drop the terminal ‘e’ before the second element in the compound – thus *triùir chloinn-nighean*.

Gnàthas-cainnt na Litreach: **air an àirigh:** *at the shieling*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA